



“Cleachd I no caill i”

**Foillsichidh Seachdain na Gàidhlig prògram thachartasan airson na ciad seachdaine, Diluain 21<sup>mh</sup> to Là na Sàbaid 27<sup>mh</sup> den Mhàrt 2022.**

An cois soirbheas eadar-nàiseanta **#làabairtnagàidhlig** no **#sayagaelicphraseday** rè a’ ghlasaidd-shluaigh, cumaidh Alba a’ chiad Seachdain na Gàidhlig oifigeach a-riamh airson na dùthcha air fad; gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a neartachadh agus àite na Gàidhlig ann an saoghal cruthachail na h-Alba a chomharrachadh.

Air a cur air bhog aig oidhche shònraichte Ghàidhlig aig BASTA Pizza, Glaschu (air an robh BLASTA, airson na h-oidhche) Diciadain 16mh den Mhàrt le luchd nam meadhanan sòisealta Gàidhlig, bidh measgachadh de chòrr agus 100 agallamhan, còmhraidhean agus tachartasan ionadail agus eadar-nàiseanta na measg.

Gus dearbhadh gum faodadh òigridh air feadh na h-Alba pàirt a gabhail san t-seachdain, tha sgioba na seachdaine a’ pasgain fhoghlaim a chruthachadh do sgoiltean. Ann an co-bhonn le Twinkl, tha Seachdain na Gàidhlig air gnìomhan agus goireasan ullachadh as urrainn do thidsearan gus a’ Ghàidhlig a chleachdadh. Tha pasgain ann do bhunsgoiltean agus àrdsgoiltean, agus airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla – a’ cruthachadh chothroman dhaibh pàirt a ghabhail sa Ghàidhlig ge brith dè an ìre aig a bheil iad.

Bidh tachartasan rim faighinn air feadh an t-saoghail, anns an Rìochachd Aonaichte, sa Ghearmailt, ann an Astràilia, Canada agus na Stàitean Aonaichte, agus iad uile nam fianais air na tha a’ tachairt a thaobh na Gàidhlig gu h-eadar-nàiseanta. Tha iad a’ gabhail a-staigh blasad sineubhair, cuairt taigh-stàile agus cèilidh le Taigh-stàile Eilean Thioradh agus bhideoàn bidhe leis a’ chruthaichear TikTok, an Hebridean Baker. Cumaidh Alzheimer Scotland na Gàidhealtachd an Iar sreath de thachartasan air loidhne do





dhaoine air a bheil seargadh-inntinn tron t-seachdain, le Ionad Cànan Oilithigh Munich a' toirt blasad den Ghàidhlig agus a h-eachdraidh seachad tro thachartas sònraichte mar phàirt de phròiseact mion-chànaain.

Cuiridh Comhairle nan Eilean Siar an leabhar ùr aca, e-Cèilidh, air dòigh le cuirm-chiùil bheò bho sgoilearan nan Eilean Siar. Bheir an geama “Lorg-Glaschu” sinn air cuairt bheag tron bhaile tro mheadhan na Gàidhlig, gus barrachd ionnsachadh mu àrc-eòlas gnìomhachais na sgìre ann an dòigh neo-fhoirmeil agus spòrsail!

A bharrachd air susbaint làitheil air na meadhanan-sòisealta, agus tachartasan air loidhne agus sa choimhearsnachd (a-rèir bacaidhean Covid-19), bheir an t-seachdain cothrom do Ghàidheil coinneachadh ri chèile, le brosnachadh do bhuidhnean, choimhearsnachdan agus dhaoine fa leth dol an sàs innte.

Thuir stiùiriche na Fèise, Joy Dunlop: *“Tha sinn air ar dòigh glan leis mar a chuir daoine fàilte air Seachdain na Gàidhlig aig àm a tha cho trang. Tha iad air còrr 's 100 tachartasan a chur air dòigh gu ruige seo, 's iad cuideachd agus a' gabhail sealbh air na goireasan an asgaidh a tha rim faotainn air ar làrach-lìn oifigeil [www.seachdainnaqaidhlig.scot](http://www.seachdainnaqaidhlig.scot), far am faighear barrachd fiosrachaidh mu na tachartasan uile.”*

Tha daoine cuideachd air am brosnachadh gus bhideoan a sgaoileadh agus iad a' cleachdadh na Gàidhlig air loidhne leis an taga-hais #SeachdainNaGaidhlig, le còig prìomh chuspairean fon phrosbaig a h-uile latha;. Teaghlach & Coimhearsnachd, An Riaghaltas agus Buidhnean Poblach, Gàidhlig san Eaconomaidh, Foghlam aig gach ìre, Na h-Ealain, Cultar agus Dualchas.

Thuir Shona NicIllInnein gu bheil iad “air leth toilichte taic a chumail ris an iomairt seo a bhrosnaicheas daoine air feadh an t-saoghail Gàidhlig a chur gu feum. Brosnaichidh Seachdain na Gàidhlig ceanglaichean air feadh coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Alba agus thall thairis, a' togail ìomhaigh a’





chànain is a' cur ri deagh shunnd dhaoine agus cuideachd a' cur ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig a tha airson 's gun cleachd barrachd dhaoine a' Ghàidhlig nas trice agus ann am barrachd shuidheachaidhean".

Airson ticeadan agus gus pàirt a ghabhail san t-seachdain, tadhlaibh air: [www.seachdainnagaidhlig.scot](http://www.seachdainnagaidhlig.scot)

Airson nan tachartas uile fhaicinn, tadhlaibh air: <https://seachdainnagaidhlig.scot/events>

Aison goireasan foghlaim, tadhlaibh air: [www.twinkl.co.uk/resources/curriculum-for-excellence/scotland-partnerships-scotland-cfe/seachdain-na-gaidhlig-world-gaelic-week-scotland-partnerships-scotland-cfe](http://www.twinkl.co.uk/resources/curriculum-for-excellence/scotland-partnerships-scotland-cfe/seachdain-na-gaidhlig-world-gaelic-week-scotland-partnerships-scotland-cfe)

Lean rinn air Twitter <https://twitter.com/sngaidhlig> Instagram <https://instagram.com/sngaidhlig/> no Facebook <https://facebook.com/sngaidhlig>

[#SeachdainNaGàidhlig](#)

[#Gaelic](#)

[#Gàidhlig](#)

### **Nòtaichean an deasaiche:**

Le tachartasan ùra fhathast a' nochdadh fhathast, seo blasad air cuid na tha a' dol:

Cuiridh Diluain 21<sup>mh</sup> Mhàrt a' Choimhearsnachd agus Teaghlach fon phosbraig, le craoladh air loidhne air a bheil **.Comunn** (*Dot.Comunn*), program còmhraidh làitheil, air a lìbhrigeadh le Joy Dunlop, Stiùiriche na





Seachdain. Le taic bho MG ALBA, bheir am program seo cothrom gus bruidhinn air cuspair an latha ann am barrachd dhoimhneachd, le còmhraidhean làitheil eadar 2-4f, beò air cunntasan nam meadhanan sòisealta aig Seachdain na Gàidhlig. Gabhaidh an coimhead an asgaidh agus bidh iad rim faotainn às dèidh làimhe.

Bidh trì cuspairean gu sònraichte fon phrosbaig: Cleachd I no caill, Guth nan Òg agus Gàidhlig san Dachaigh, le sianar air aoi gheachd, nam measg; Lewis Laing, Oifigear Leasachaidh Theaghlaichean, Comann nam Pàrant agus Choirstaidh NicArtair, Tosgaire òg na Gàidhlig 2021.

Bheir Coinneach MacLeod, Bèicear Innse Gall, biadh ùr dhuinn tron t-seachdain, gus na h-eileanan a chur fa chomhair an t-sluaigh. Tron leabhar agus tro na bhideoan aige, bidh Coinneach gar brosnachadh gus bèiceadh agus Gàidhlig a chleachdadh aig an aon àm agus thèid na bhideoan aige tron t-seachdain a leantainn ai an taigh gu furasta.

'S e An Riaghaltas agus Buidhnean Poblach air a bheilear a' coimhead Dimàirt 22<sup>nd</sup> gus bruidhinn air na cothroman a tha an lùib na Gàidhlig. Bidh bhideoan gan craoladh mun Ghàidhlig bho luchd-poileataigs, Pàrlamaid na h-Alba agus buidhnean a leithid Bòrd na Gàidhlig. Bruidhnidh **.Comunn** ri riochdairean aig àrd-ìre, a leithid Niall Bartlett, Riaghaltas na h-Alba agus Shona NicIlinnein, Ceannard Bòrd na Gàidhlig, mu charson a tha a' Ghàidhlig cho cudromach an seo ann an Alba agus thall-thairis.

Bheir Ionad Cànan Oilithigh Munich blasad den Ghàidhlig agus a h-eachdraidh seachad tro thachartas sònraichte, mar phàirt de phròiseact sònraichte air mion-chànain.

A' cur ri Seachdain na Gàidhlig, cùmaidh Screen Argyll deasbad air loidhne air Iorram (Boat Song) aig 7.30f. Air aoi gheachd, bidh an seinneadair Gàidhlig Gillebride Mac 'Ille Mhaoil, na ceòladairean Tara Rankin agus Ian Mac a' Ghobhainn agus am fiolmadair Alasdair Satchel, agus iad a' còmhradh mun fhiolm, mun Ghàidhlig agus àite a' chànain ann an Alba. Thèid seo a chumail anns a' Ghàidhlig, le eadar-theangachadh mar aon dhan Bheurla air a lìbhrigeadh le CHARTS.





A' chiad film aithriseachd gu tur ann an Gàidhlig, tha lorrann na dhealbh liriceach air Innse Gall, an-diugh agus an-dè. Tha an Stiùiriche, Alastair Cole, a' toirt an luchd-amhairc air turas-bogaidh a-steach do chridhe coimhearsnachd a tha air maireadh 1,000 bliadhna, a' measgachadh clàran fuaim tasglainn de ghuthan bhon t-àm a dh'fhalbh le iomhaighean de bheatha nan eilean san latha an-diugh agus ceòl ùr air a chruthachadh leis an neach-ciùil cliùiteach, Aidan O'Rourke. Gheibhear lorrann air màl air Stream Argyll, sa Ghàidhlig le fo-thiotalan Beurla, sa Ghàidhlig le fo-thiotalan Gàidhlig agus sa Ghàidhlig gun fo-thiotalan.

'S ann air buannachdan eaconamaigeach na Gàidhlig a bhithear a' toirt sùil Diciadain 23mh den Mhàrt, le sreath de thachartasan air loidhne agus sa choimhearsnachd. Thèid craoladh sònraichte a chumail Diciadain do chompanaidhean ann an sgìre Pheairt 's Cheann Rois mun Mhòd Nàiseanta Rìoghail, a thilleas dhan bhaile son a' chiad turais ann an 18 bliadhna bhon 14mh – 22na den Dàmhair 2022.

Bidh oidhche air leth an cuideachd Taigh-stàile Eilean Thioradh, 's iad a' tabhann blasad sineubhair, cuairt taigh-stàile agus cèilidh agus bidh an t-ionad ealain An Lòchran a' cumail Farpais cheist air loidhne cuideachd. Bidh **.Comunn** a' coimhead air a' Ghàidhlig mar bhuannachd eaconomaigeach, le roinn de chuspairean; nam measg, seisean air na meadhanan Gàidhlig le Ross Christie, Co-òrdanaiche Conaltraidh agus Susbaint MG Alba, agus Calum McConnell, Leas-Choimiseanar Radio nan Gàidheal.

'S ann air foghlam a bhios a' phrosbaig Diardaoin 24<sup>mh</sup>, le craoladh **.Comunn** a' bruidhinn air ionnsachadh aig gach ìre, an cuideachd cruthaichear susbaint Duolingo & SpeakGaelic, Màrtainn Mac a' Bhàillidh agus Sileas NicLeòid, Stiùiriche a' Chùrsa Inntigridh aig Sabhal Mòr Ostaig. Bruidhnidh oileanaich Oilthigh Ghlaschu, Dhùn Èideann agus an t-Sabhail air a' Ghàidhlig nam beatha làitheil cuideachd. Bidh Còisir Ghàidhlig an Eilein Mhuilich a' taisbeanadh cho fuarasta 's a tha e Gàidhlig a chleachdadh nad choimhearsnachd aig an oidhche aca fhèin, le tachartasan coimhearsnachd air an cuir air dòigh eadar An t-Òban, Malaig agus Glaschu.





Bidh iomadh tachartas ann Dihaoine gus Cultar, na h-Ealain agus Dualchas a chur fon phrosbaig, a' crìochnachadh le oidhche chiùil leis a' bhuidhinn ealain, Hands Up For Trad. Cuiridh buidhnean Gàidhlig Aimeirgaidh a Tuath, An Comunn Gàidhealach Ameireaganach, Sgoil Gàidhlig Bhaile an Taigh Mhóir & the Hidden Glen Folk School program ùr den phod-chraoladh aca, 'More Than Kilts and Cabers: Scottish Gaelic Voices from North America' a h-uile latha de Sheachdain na Gàidhlig, le Comhairle nan Eilean Siar cuideachd a' cur an leabhair ùir aca, e-Cèilidh, air bhog air an dearbh latha.

Airson na ciad uaireach, thèid Cupa Iomain na h-Òige a chumail ann an trì àiteachan – san Eilean Sgitheananach 22/3, ann an Innis an Uillt 23/3 agus ann an Srath Pheothair 25/3. Bidh an craoladh **.Comunn** mu dheireadh ann an còmhradh ri Anna NicGuaire, Oifigear na Gàidhlig Alba Chruthachail agus Art MacCarraig, ceannard Fèisean nan Gàidheal, a-measg gu leòr eile.

Gus crìoch a chur air an t-seachdain, bidh cuirm-chiùil air loidhne leis an Hands Up for Trad Music Club còmhla ris an t-seinneadair Ghàidhlig Joy Dunlop agus an cluicheadair giotar Ron Jappy. 'S e cuirm phrìobhaideach a bhios ann, far an urrainnear ceistean a chur air Ron & Joy, le trì seòrsa thiceadan rin ceannach.

Chaidh an t-urram Seinneadair na Bliadhna & Dànnsair na Bliadhna a bhuileachadh air Joy Dunlop, tè a chaidh a bhogadh ann an cànan agus ceòl traidiseanta na h-Alba. Tron t-seinn aice, bidh i a' libhrigeadh ceòl agus òrain Ghàidhlig ann an dòigh cho-aimsireil a bhios daonnan fìor agus glan. Tha Joy cuideachd na preasantair telebhisein is rèidio, a bhios a' libhrigeadh na sìde air gach cuid BBC Scotland & BBC ALBA; a bharrachd air nochdadh gu tric air Radio Scotland agus Radio nan Gàidheal.

'S e Cleachd I no Cail I miann na deireadh-sheachdainneach, le farsaingeachd de thachartasan sa choimhearsnachd agus air loidhne. Tillidh a' Ghàidhlig do Thalla Kames ann an Taigh na Bruaich Disathairne, le Latha na Gàidhlig an sin agus cumaidh Comann nam Pàrant Shruighlea an dàrna [Fèis Bheag Shruighlea](#) aca cuideachd air an latha.





Là na Sàbaid 27mh den Mhàrt, bidh seirbhis Ghàidhlig ann an Eaglais nam Manach Liath, Dùn Èideann a bhios fosgailte do dhuine sam bith, le Eaglais Shaor Steòrnabhaigh cuideachd a' craoladh na seirbhis Gàidhlig acasan air loidhne. Bheir an geama "Lorg-Glaschu" sinn air cuairt bheag tron bhaile, tro mheadhan na Gàidhlig, gus barrachd ionnsachadh mu àrc-eòlas gnìomhachais na sgìre ann an dòigh neo-fhoirmeil agus spòrsail!

'S e buidheann nan ealan is cultar tradaiseanta Hands Up For Trad a tha a' dèanamh comasach Seachdain na Gàidhlig. Mar a thuirt an Stiùiriche Simon Thoumire, "Le bhith a' cur nan gaisgeach fon phrosbaig agus a' toirt cruinn an luchd-labhairt fhileanta, an luchd-ionnsachaidh agus na feadhainn a tha air ùr-thighinn dhan Ghàidhlig o iomadh slighe beatha, cuiridh sinn spionnadh sa chùis agus brosnachidh sinn cleachdadh a' chànain a chomharraicheas cleachdadh is buannachdan ar cultair is ar cànan."'

#### -DEIREADH-

**Do luchd-naidheachd:** Airson fiosrachaidh, agallamhan is dealbhan, cuiribh fios gu [chris@genuine.scot](mailto:chris@genuine.scot)

#### Nòtaichean an deasaiche:

'S e iomairt ùr-nodha a th' ann an [Seachdain na Gàidhlig](#) a tha a' toirt cruinn luchd-ùidhe, com-pàirtichean, na naidheachdan, sgoiltean, luchd-brìgh nam meadhanan sòisealta, agus luchd-èisteachd o fheadh an t-saoghail a chomharradh na Gàidhlig. Bidh lìonra de ghnìomhachdan co-òrdanaichte an lùib Seachdain na Gàidhlig air feadh na h-Alba agus thall thairis eadar 21mh is 27mh dhen Mhàrt 2022 agus sna seachdainean roimhe sin.

Tha [Hands Up for Trad](#) air a mhaoinachadh leis a' Chrannchur Nàiseanta slighe Alba Chruthachail agus chaidh a chur air bhonn ann an 2002 airson ìomhaigh is faicsinneachd cultar is ceòl tradaiseanta na h-





Alba a chur am meud le fiosrachadh, tagradaireachd is foghlam am measg luchd-ealain, com-pàirtichean is luchd-èisteachd ann an Alba is thall thairis.

'S e buidheann poblach neo-roinneil a th' ann am [Bòrd na Gàidhlig](#) (am Bòrd) a chaidh a stèidheachadh le Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Bòrd na Gàidhlig an sàs brosnachadh na Gàidhlig ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach, com-pàirtichean libhrigidh agus coimhearsnachdan. 'S e lèirsinn a' Bhùird gum faicear is gun cluinnear na Gàidhlig gach latha air feadh na h-Alba cho tric 's gum bi cliù air mar phàirt bhunaiteach de bheatha na h-Alba agus mar mhaoin chultarach is eaconamach nàiseanta.

Airson barrachd fiosrachaidh, tadhail air [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot)

'S e [Alba Chruthachail](#) am buidheann poblach a chuireas taic ris na h-ealain is gnìomhachas nam film is na h-obrach chruthachail air feadh na h-Alba as leth duine sam bith a tha a' fuireach ann an Alba, a tha ag obair an seo no a' tadhal oirre. Tha iad a' toirt comas do dhaoine is buidhnean obair a dhèanamh ann an raon nan ealan agus pàirt a ghabhail sna h-ealain is gnìomhachas nam film is na h-obrach chruthachail ann an Alba le bhith a' cuideachadh daoine eile ann a bhith a' smaoinichadh air sàr-phròiseactan is an toirt gu bith. Tha Alba Chruthachail a' sgaoileadh maoinichadh a gheibh iad o Riaghaltas na h-Alba agus on Chrannchur Nàiseanta.

Airson barrachd fiosrachaidh mu Alba Chruthachail, tadhail air [www.creativescotland.com](http://www.creativescotland.com). Lean ri @creativescots agus [www.facebook.com/CreativeScotland](https://www.facebook.com/CreativeScotland)

**-DEIREADH-**



LOTTERY FUNDED